

An Àrainneachd

Gnothachas

Teaghlaichean

Cultar

Foghlam

Glanadh

Ath-chuairteachadh

Sochairean

Ceadachd

Planadh

**Gàidhlig**

Taigheadas is Modhan-riaghlaidh

Còmhdhail

Cùram

# Dreachd de Phlana Gàidhlig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid 2018 - 2022

Chaidh am Plana seo ullachadh fo Earrainn 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

## CLÀR-INNSE

1	RO-RÀDH .....	4
2	COMHAIRLE EARRA-GHÀIDHEAL IS BHÒID .....	5
3	ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005 AGUS A' TOIRT SEACHAD FIOS-PLANA .....	6
	3.1 An Achd .....	6
	Co-chomhairleachadh air an Dreachd den Phlana Gàidhlig: .....	7
	Sùil fharsaing air a' Ghàidhlig ann an Alba .....	<b>Error! Bookmark not defined.</b>
4.0	GÀIDHLIG ANN AN EARRA-GHÀIDHEAL IS BÒD .....	7
	4.2 Cleachdadh na Gàidhlig is Ùidh sa Chànan .....	7

4.3	Dàta bhon Chunntas-sluaigh 2011.....	8
4.4	Cosnaidhean Gàidhlig.....	9
4.5	Gàidhlig sna Sgoiltean againn.....	10
5.0	SGRÙDADH AIR COMASAN GÀIDHLIG AN LUCHD-OBACH.....	11
6	POILEASaidh NA COMHAIRLE AIRSON NA GÀIDHLIG.....	12
6.1	Mineachadh.....	12
6.2	Aithris air a' Phoileasaidh.....	12
6.3	Gàidhlig na Pàirt Àbhaisteach de ar n-Obair.....	13
7.0	AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG.....	13
	AN DACHAIGH IS NA TRÀTH-BHLIADHNAICHEAN.....	ERROR! BOOKMARK NOT DEFINED.
	FOGHLAM.....	ERROR! BOOKMARK NOT DEFINED.
	Adhbharan:.....	15
	COIMHEARSNACHDAN.....	16
	Adhbharan:.....	16
	AN T-ÀITE-OBACH.....	ERROR! BOOKMARK NOT DEFINED.
	Adhbharan:.....	16
	NA H-EALAIN IS NA MEADHANAN, DUALCHAS IS TURASACHD.....	17
	Adhbharan:.....	17
	AN CORPAS.....	17
	Adhbharan:.....	17
8.0	PRÌOMHACHASAN NÀISEANTA RIAGHALTAS NA H-ALBA.....	17
9.0	PRÌOMHACHASAN AN RIAGHALTAIS IONADAIL.....	18
10	ATH-SGRÙDADH IS SGRÙDADH AIR COILEANADH.....	19
10.1	Am Plana Gàidhlig an Lùib an Structair Chorporra.....	19
	An neach-dreuchd le uallach gnìomhach airson a' Phlana.....	<b>Error!</b>
	<b>Bookmark not defined.</b>	
11	A' TOIRT A' PHLANA GU BUIL.....	20
12	A' DÈANAMH SANASACHD IS FOILLSEACHADH AIR A' PHLANA.....	20
13	PLANA GNÌOMHA.....	22

## 1 Ro-ràdh

- 1.1 Tha a' Chomhairle againn lèirsinneach agus tha àrd-amasan againn, agus tha sinn daonnan a' toirt piseach air an dàimh a th' againn ri ar luchd-compàirt, luchd-cleachdaidh agus luchd-obrach airson dèanamh cinnteach gun tèid na seirbheisean ceart a lìbhrigeadh, leis na daoine as freagarraiche, agus san dòigh as fheàrr as urrainnear.
- 1.2 'S e a tha san amharc dhuinn, 'Gun roghnaich daoine Earra-Ghàidheal is Bòd airson fuireach ann, ionnsachadh, obair agus gnìomhachas' agus tha na prìomhachasan sa Phlana Gàidhlig ùr againn a' cur taic ris an amas sin, agus 's iad sin na h-aon phrìomhachasan a th' aig Riaghaltas na h-Alba airson na Gàidhlig:
- (a) A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig
  - (b) A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
  - (c) A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- 1.3 Tha sinn a' toirt fa-near don àite a tha air a bhith aig a' Ghàidhlig ann an eachdraidh Earra-Ghàidheal is Bhòid, agus cumaidh sinn oirnn a' cur a' chànan agus cultar na Gàidhlig air adhart am measg ar coimhearsnachdan agus bheir sinn an aon spèis don Ghàidhlig 's a tha sinn a' toirt don Bheurla.
- 1.4 Tha sinn air cur romhainn dèanamh cinnteach gun coilean a' Chomhairle ar dleastanasan fo Achd na Gàidhlig agus Achd an Fhoghlaim agus, gus sin a dhèanamh, cumaidh sinn oirnn a' tabhann sheirbheisean Gàidhlig iomchaidh don mhòr-shluagh ann an sgìre an ùghdarrais.
- 1.5 Tha sinn moiteil às mar a tha sinn am measg nan ùghdarrasan ionadail far am bi am Mòd Nàiseanta Rìoghail air a chumail gu cunbhalach. Chaidh a' chiad Mhòd riamh a chumail san Òban ann an 1892, agus tha e air fàs bhon uair sin gu bhith na fhèis mhòr a thèid a chumail gach bliadhna agus a bhios a' tàladh luchd-tadhail bho air feadh Alba agus bho air feadh an t-saoghail. Bidh ar coimhearsnachdan a' dèanamh toileachas ris na buannachdan eaconamach a gheibh Earra-Ghàidheal is Bòd bho bhith a' toirt dachaigh do leithid a dh'fhèis iomraiteach agus tha am Mòd mar shamhla air na ceanglaichean làidir eadar Earra-Ghàidheal is Bòd agus cànan, cultar agus eachdraidh na Gàidhlig.
- 1.6 Tha sinn a' toirt fa-near do cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig do na coimhearsnachdan againn far a bheil i fhathast air a cleachdadh.
- 1.7 Tha am Plana Gàidhlig seo a' mìneachadh mar a tha a' Chomhairle, ann an co-bhuinn ri buidhnean eile, a' dol choileanadh ar dleastanasan fo Achd na Gàidhlig agus a' dol a

chuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum mair a' Ghàidhlig beò agus gun tig i am feabhas ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.

**An Comhairliche Aileen Morton**  
**Ceannard na Comhairle**

**Cleland Sneddon**  
**Àrd-oifigeir**

## 2 Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

- 2.1 Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air aon de 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba. Tha uallach oirnn airson grunn sheirbheisean, nam measg tha foghlam, rianachd sgudail, còmhaidh is goireasan siubhail, planadh is rianan-togail, leasachadh eaconamach, rathaidean, taigheadas ro-innleachdail, slàinte san àrainneachd agus tòrr eile.
- 2.2 A thaobh farsaingeachd tìre, 's e Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid an dàrna tè as motha de na 32 Comhairlean ann an Alba, ach a thaobh sluaigh 's i an 27mh as motha. B' e an sluaigh a chaidh a thomhas ann an Cunntas-sluaigh 2011 88,166<sup>1</sup>. Tha Earra-Ghàidheal is Bòd a' còmhach cha mhòr 10% de thìr na h-Alba, ach chan eil ach nas lugha na 2% de shluaigh na dùthcha a' fuireach ann. Tha còrr is 80% den t-sluaigh againn a' fuireach taobh a-staigh 1 chilemeatair bhon chosta.
- 2.3 Bhon Apainn aig tuath, gu Ceann Loch Chille Chiarain aig deas, tha Earra-Ghàidheal is Bòd a' sìneadh còrr is 100 mìle agus bho Thiriodh san Iar gu Baile Eilidh san Ear, tha i 80 mìle tarsainn. Tha daoine a' fuireach air 23 de na h-eileanan ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, agus tha 17.1% de na daoine a tha a' fuireach san sgìre a' fuireach air eilean<sup>2</sup>. Tha eileanan a' gabhail a-steach trian de dh'fharsaingeachd sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid.
- 2.4 Gus a dleastanasan mar ùghdarras ionadail a choileanadh, tha trì roinnean aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid: Seirbheisean Coimhearsnachd, Seirbheisean Luchd-cleachdaidh agus Leasachadh is Bun-structar agus tha Aonad an Àrd-oifigeir ann cuideachd. Tha a' Chomhairle cuideachd na prìomh bhuidheann chom-pàirteach sa Cho-Bhòrd Aonaichte airson Slàinte is Cùram Sòisealta ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. Tha còrr is 4,700 neach-obrach ag obair aig a' Chomhairle agus iad stèidhichte ann an 300 àite air feadh na sgìre.

- 2.5 Tha 4 sgìrean riaghlaidh aig a' Chomhairle: Meadhan Earra-Ghàidheal, Cinn Tìre is na h-Eileanan, An t-Òban, Latharna is na h-Eileanan, Bòd is Comhghall, Baile Eilidh is Laomainn.
- 2.6 'S iad rianan stiùiridh poilitigeach na Comhairle:
- Làn Chomhairle le 36 buill air an taghadh airson 11 uàrdan le iomadh ball
  - Comataidhean Sgìreil airson nan 4 sgìrean riaghlaidh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd
  - Comataidhean Ro-innleachdail airson Seirbheisean Coimhearsnachd, An Eaconamaidh, Leasachadh is Bun-structar, Poileasaidh is Stòrasan, Planadh, Seirbheisean Dìona is Ceadachd.
- 2.7 Bidh a' Chomhairle cuideachd ag obair gu dlùth còmhla ri luchd-compàirt ann am Planadh Coimhearsnachd gus Plana Leasachadh Bhuilean Earra-Ghàidheal is Bhòid a lìbhrigeadh.

## 3 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a' Toirt Seachad Fios-plana

### 3.1 An Achd

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil gus inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla.

'S e aon de na h-earrainnean as cudromaiche den Achd 2005, an cumha a tha toirt ùghdarras do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarrasan poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an cumha sin a dhealbh gus dèanamh cinnteach gun cuidicheadh an roinn phoblach ann an Alba le bhith gleidheadh na Gàidhlig san àm ri teachd agus iad a' cur ri inbhe is ìomhaigh a' chànain agus a' cruthachadh chothroman pragtaigeach gus an cànan a chleachdadh.

Chaidh an sgrìobhainn seo, Plana Gàidhlig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, ullachadh a rèir frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar n-obair, mar a bheir sinn cothrom do dhaoine air Gàidhlig a chleachdadh nuair a tha sinn a' conaltradh ris a' phoball agus ri prìomh luchd-compàirt, agus mar a tha sinn a' dol a bhrosnachadh agus a' dol a thoirt na Gàidhlig air adhart.

Chaidh Plana Gàidhlig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ullachadh a rèir nan slatan-tomhais reachdail san Achd 2005, agus thugadh fa-near don Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig agus don Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Thèid Plana Gàidhlig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig às dèidh co-chomhairleachaidh, agus ro dheireadh a' Ghiblein 2018.

## Co-chomhairleachadh air an Dreachd den Phlana Ghàidhlig:

Fon Achd 2005 feumaidh buidhnean poblach a tha ag ullachadh Plana Gàidhlig aire a h-uile duine aig am biodh ùidh ann a tharraing chun na dreachd den Phlana aca. Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air beachdan a shireadh bhon phoball air an dreachd den Phlana Ghàidhlig againn agus ghabh sinn ealla ri beachdan a fhuaras rè ùine a' cho-chomhairleachaidh.

Sùil fharsaing air a' Ghàidhlig ann an Alba

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail ris gu bheil Gàidhlig na pàirt cudromach de dhualchas, dùthchas is cultar na h-Alba. Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' toirt ar làn-thaice do na cinn-uidhe sa *Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig* agus tha sinn air na structaran is iomairtean a tha dhìth a chur air dòigh gus taic a thoirt don amas, gum mair a' Ghàidhlig mar chànan brioghmhor san àm ri teachd ann an Alba.

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' tuigsinn gu bheil cor na Gàidhlig air stèidh gu math cugallach agus ma tha a' Ghàidhlig a' dol a mhaireachdainn agus a dhol am feabhas mar chànan beò ann an Alba, feumaidh an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt a' chànain uile obrachadh còmhla gus:

- inbhe na Gàidhlig àrdachadh;
- togail is ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart;
- cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

## 4.0 Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd

4.1 Sna linntean a dh'fhalbh b' e Earra-Ghàidheal prìomh cheàrnaidh Gàidheil na h-Alba. Thathar air a bhith bruidhinn Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal bhon 5mh linn no mar sin, agus b' i prìomh chànan rìoghachd Dhál Riata bhon àm a thàinig Gàidheil à Èirinn an seo mar na ciad Albannaich (Scoti) agus bhiodh na rìghrean aca air an ungadh air Dùn Athad. Air feadh ar n-eachdraidh tha an cànan air a bhith gu math cudromach do chultar na h-Alba agus na leasachaidhean a thàinig air a' chultar sin.

### 4.2 Cleachdadh na Gàidhlig is Ùidh sa Chànan

Tha coimhearsnachdan ann an Earra-Ghàidheal is Bòd far a bheil Gàidhlig fhathast na pàirt de bheatha làitheil an t-sluaigh. Ann an eileanan leithid Thiriodh is Ìle, tha Gàidhlig air a bruidhinn le grunn sa choimhearsnachd agus tha an dualchainnt is na faclan aca fhèin aca fhathast. Tha ùidh aig tòrr dhaoine ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig agus thathar a' toirt an aire gu fada is farsaing do na buannachdan a thig bho fhoghlam dà-chànanach, agus tha barrachd is barrachd dhaoine a' gabhail ùidh ann an ceòl is cultar na Gàidhlig, agus mar thoradh air sin tha barrachd fèille air tachartasan ciùil is cultarach

Gàidhlig, gu h-àraidh am measg na h-òigridh. Tha barrachd iarrtais ann airson Foghlam tron Ghàidhlig, agus bheir sin deagh buaidh air na th' ann de dhaoine a bhios a' bruidhinn Gàidhlig san àm ri teachd agus aig a' cheann thall air an àireamh luchd-labhairt sa chunntas-sluaigh. Ge-tà, tha a' Ghàidhlig san fharsaingeachd air a bhith a' crìonadh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd thar nam bliadhnaichean agus tha an dàta gu h-ìosal a' sealltainn mar a thuit àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig eadar cunntas-sluaigh 2001 agus cunntas-sluaigh 2011. Tha grunn adhbharan ann airson seo, leithid dhaoine a tha a' tighinn a-steach don sgìre aig nach eil Gàidhlig agus gu bheil daoine nas sine le Gàidhlig a' bàsachadh.

### 4.3 Dàta bhon Chunntas-sluaigh 2011

- 4.3.1 Chaidh am fiosrachadh a leanas a thogail bho Chunntas-sluaigh 2011 san deach 4 ceistean fhaighneachd do dhaoine ann an Alba mun Ghàidhlig – am b' urrainn dhaibh Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh.
- 4.3.2 Ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, mar a thachair ann an Alba san fharsaingeachd, thuit an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig eadar 2001 is 2011. Thuit an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd còrr is 15% san ùine sin.
- 4.3.3 Am measg nan daoine a bha 3 is nas sine, bha comas air choreigin aig 6% sa Ghàidhlig ann an 2011. A-mach às na daoine sin, bha 4.3% ann a thuit gum b' urrainn dhaibh an cànan a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh.

### 4.4 Cosnaidhean Gàidhlig

- 4.4.1 Tha grunn dhreuchdan aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach no na buannachd. Tha a' mhòr-chuid de na dreuchdan sin ann an roinn an Fhoghlaim agus gu h-àraidh sna sgoiltean. Am measg nan dreuchdan dha bheil Gàidhlig na sgil riatanach tha: Neach-obrach Cùraim-chloinne is Foghlaim Gàidhlig, Neach-taice Gàidhlig, Tidsear tron Ghàidhlig, Prìomh Thidsear tron Ghàidhlig, Tidsear Gàidhlig (àrd-sgoiltean), Oifigear Foghlaim (Gàidhlig). Am measg nan dreuchdan dha bheil Gàidhlig na buannachd tha Ceannard aig sgoil le Roinn Ghàidhlig, Prìomh Thidsearan Chànanan airson Àrd-sgoiltean agus Ceannardan Àrd-sgoile. Cuideachd, tha luchd-obrach a bhios ag obair le clann fo aois còig a tha air am fastadh aig aonadan fo-5 Gàidhlig. Bithear a' tabhann chlasaichean Gàidhlig don luchd-obrach air fad gus am bi tuigse nas fheàrr aca air a' chànan agus gus am faigh luchd-cleachdaidh seirbheis nas fheàrr nuair a dh'fhaodadh e a bhith na bhuannachd don luchd-obrach eòlas a bhith aca air Gàidhlig.



4.4.2 Tha Ionad Gàidhlig aig a' Chomhairle san Òban, leis an ainm 'Furan'. Tha Rianaiche aig an Ionad a tha fileanta sa Ghàidhlig agus tha an t-Ionad mar ghoireas ionnsachaidh far an tèid clasaichean a chumail do dh'inbhich, pàrantan agus clann, agus cuideachd tha e na àite air am faod daoine tadhal gun dad a chur air dòigh ro làimh airson ionnsachadh mun Ghàidhlig agus airson facal no dhà a thogail. Bidh Furan a' libhrigeadh diofar sheiseanan Gàidhlig, nam measg tha:

- Bookbug - Bidh mu 16 teaghlaichean a' dol ann gach seachdain.
- Fealla-dhà Furan – Seisean teaghlaich a mhaireas 45 mionaidean le òrain, rannan is sgeulachdan, còmhla ri Pitheid, a' phitheid Ghàidhlig aig an ionad.
- Leugh Leabhar - Club leabhraichean airson clann ann am foghlam tron Ghàidhlig.
- Buidheann Còmhradh an Fhurain – Buidheann chàirdeil a tha an-asgaidh airson daoine de gach comas sa Ghàidhlig.
- Gàidhlig do Phàrantan – Airson phàrantan aig a bheil clann ann am foghlam tron Ghàidhlig, gheibh iad cothrom diofar fhaclan is abairtean ionnsachadh a dh'fhaodas iad a chleachdadh aig an taigh leis a' chloinn aca.
- Buidheann "Speaking Our Language" – Measgachadh de chòmhradh neo-fhoirmeil còmhla ri suas ri 5 inbheach, agus ionnsachadh le barrachd structair far a bheilear a' cleachdadh goireasan "Speaking Our Language".

Bidh an Rianaiche airson Furan a' ruith sheiseanan Gàidhlig eile taobh a-muigh an Ionaid, nam measg tha:

- Sgoil-àraich A-muigh aig Stramash – San t-seisean seo bidh a' chlann ag ionnsachadh fhaclan is abairtean sìmplidh, a' seinn òrain Ghàidhlig agus bidh stòiridh ann. Tha e a' còrdadh gu mòr ris a' chloinn a tha a' dol don sgoil-àraich seo.
- Taic do sgoiltean – Bidh e ag obair còmhla ri tidsearan agus sgoilearan Gàidhlig ann am foghlam tron Ghàidhlig agus bidh e ag obair ann an sgoiltean far a bheil Gàidhlig na Chànan 2 agus air a teagasg do sgoilearan Beurla bho P1.
- Cèilidh aig Lynn Court – Cèilidh a h-uile cola-deug airson daoine nas sine ann an dachaigh-chùraim, rud a tha a' còrdadh riutha gu mòr.
- Cuideachd, thèid grunn thachartasan Fèise a chumail air feadh na bliadhna.

Chaidh an t-Ionad ainmeachadh air geàrr-liosta airson duais aig Duaisean Gàidhlig na h-Alba agus tha buaidh is ruigsinneachd an ionaid a' sìor dhol am meud. Gu h-àraidh às dèidh do mar a chaidh soidhne a chur suas taobh a-muigh Furan, tha barrachd is barrachd dhaoine air a bhith a' tadhal air an àite airson ionnsachadh mun Ghàidhlig agus facal no dhà den chànan a thogail.

## 4.5 Gàidhlig sna Sgoiltean againn

4.5.1 An-dràsta, tha sia bun-sgoiltean (Bogha Mòr, Achadh na Creige, An Sàilean, An Oitir, Srath na h-Apainn agus Tiriodh) aig an ùghdarras ionadail a tha a' tabhann foghlam tron Ghàidhlig. Gu h-ìosal, chithear an àireamh sgoilearan an-dràsta sna sgoiltean a tha a' tabhann foghlam tron Ghàidhlig agus cuideachd na h-àireamhan a bh' ann nuair a chaidh am Plana Gàidhlig mu dheireadh fhoillseachadh. Tha seo a' sealltainn gu bheil 25 sgoilearan a bharrachd a-nis ann am foghlam tron Ghàidhlig.

Ainm na Sgoile le Foghlam tron Ghàidhlig	Àireamh Sgoilearan 2013/14	Àireamh Sgoilearan 2017/18
Bogha Mòr	21	17
Achadh na Creige	40	48
An Sàilean	36	47
An Oitir	38	38
Srath na h-Apainn	4	5
Tiriodh	22	31
<b>Iomlan</b>	<b>161</b>	<b>186</b>

4.5.2 Tha còrr is 24 de na bun-sgoiltean againn a' tabhann Gàidhlig do Luchd-ionnsachaidh sa Bhun-sgoil. Tha 1,205 luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig sna sgoiltean an-dràsta.

4.5.3 An-dràsta, tha ceithir àrd-sgoiltean a tha a' tabhann Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig (Fileantaich) gu Sàr Àrd-ìre - Àrd-sgoil Ìle, Àrd-sgoil an Òbain, Àrd-sgoil Thobar Mhoire agus Àrd-sgoil Thiriodh. Tha Slighe ÀS1 gu ÀS6 airson Gàidhlig (Fileantaich) ann an Sgoil Gràmair Dhùn Omhain.

4.5.4 Tha 25 dreuchdan airson Tidsearan Gàidhlig aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. Tha 22 daoine air am fastadh ann am Foghlam Gàidhlig, agus tha a' mhòr-chuid dhiubh làn-thìde agus cuid dhiubh ag obair pàirt-thìde. Tha dreuchdan bàna fhathast san Òban agus ann an Ìle.

4.5.5 Thathar a' cur clas Gàidhlig ùr air dòigh ann am Bun-sgoil Bhun Easain mar thoradh air na freagairtean a fhuaras ann an co-chomhairleachadh a chumadh fo chumhachan Gàidhlig Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

## 5.0 Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig an Luchd-obrach

Rinn Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid sgrùdadh air comasan Gàidhlig ar luchd-obrach mar phàirt den obair a rinn sinn gus am Plana Gàidhlig seo ullachadh agus mar phàirt de cho-chonaltradh a chaidh a chumail leis an luchd-obrach san fharsaingeachd. Thugadh fa-near do thoraidhean an sgrùdaidh seo nuair a bhathar ag ullachadh a' Phlana.

Fhuaras na toraidhean a leanas:

- Thuirt 13% den luchd-fhreagairt gum b' urrainn dhaibh conaltradh a dhèanamh ann an Gàidhlig.
- Bha 48% den luchd-fhreagairt a' faireachdainn gun gabhadh leudachadh a thoirt air àite na Gàidhlig taobh a-staigh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.
- Bu thoigh le 31% den luchd-fhreagairt Gàidhlig ionnsachadh no piseach a thoirt air a' Ghàidhlig aca.
- Bha 3% toilichte leis cho fileanta 's a bha iad.
- Bha ùidh aig 21% ann a bhith ag ionnsachadh abairtean sìmplidh Gàidhlig airson an cleachdadh leis a' mhòr-shluagh no gus fàilte a chur air daoine
- Bu thoigh le 12% na sgilean aca a leasachadh feuch am b' urrainn dhaibh Gàidhlig a bhruidhinn gu fileanta no feuch am biodh barrachd misneachd aca gus Gàidhlig a bhruidhinn
- Bu thoigh le 10% sgilean leughaidh is sgrìobhaidh Gàidhlig ionnsachadh no piseach a thoirt orra.

Tha cothrom aig luchd-obrach na Comhairle air clasaichean cànan agus tha an cothrom seo gu bhith air a thabhan do bhuidhnean com-pàirteach cuideachd. San t-seisean 2016/17, bha 49 luchd-obrach aig a' Chomhairle ag ionnsachadh Gàidhlig. Airson an t-seisein 2017/18 tha 16 ann; ge-tà, thathar an dùil gun tèid an àireamh seo an àird. Tha daoine bho air feadh nan roinnean is ionadan-obrach aig a' Chomhairle a' gabhail pàirt sna clasaichean, agus tha na clasaichean air an toirt seachad air astar tro Skype à Ìle.

Tha seòlaidhean puist-d agus cairtean-gnothachais dà-chànanach aig Oifigearan is Comhairlichean fa leth nuair a tha sin iomchaidh. Bidh am Pròbhaist a' fosgladh gach coinneamh na Comhairle ann an Gàidhlig.

'S e am poileasaidh a th' aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid gun tèid soidhnichean dà-chànanach a chur an àite a h-uile soidhne a-muigh nuair a tha iad feumach air an ùrachadh.

Bidh a' Chomhairle a' cumail coinneamh gach ràith de Bhuidheann-stiùiridh Poileasaidh na Gàidhlig agus bithear ag aithris air cùisean Gàidhlig gu cunbhalach do Chomataidh nan Seirbheisean Coimhearsnachd.

Bidh a' Chomhairle a' cleachdadh chunnradairean bhon taobh a-muigh airson seirbheisean eadar-theangachaidh.

## 6 Poileasaidh na Comhairle airson na Gàidhlig

### 6.1 Mineachadh

- a) Buinidh am Plana seo ris a h-uile neach-obrach is Comhairliche aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. 'S e as motha a tha fa-near dhuinn àrainneachd obrach a chruthachadh far a bheil cànan is cultar na Gàidhlig follaiseach agus air an cur air adhart an dà chuid taobh a-staigh na Comhairle agus taobh a-muigh na Comhairle air feadh ar coimhearsnachdan. Tha am Plana a' togail air an obair a rinn a' Chomhairle a-cheana ann a bhith a' cur nam Planaichean Gàidhlig eile againn an sàs, a' cur Foghlam na Gàidhlig air adhart agus tha e a' toirt fa-near do na buannachdan a thig bho ionnsachadh dà-chànanach.

### 6.2 Aithris air a' Phoileasaidh

- b) Tha e mar phoileasaidh aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a bhith a' cur air adhart agus a' dèanamh follaiseach na diofar sheirbheisean is goireasan Gàidhlig a tha sinn a' tabhann do luchd-cleachdaidh ar seirbheisean.
- c) Cuideachd, nì sinn cinnteach gun tèid am prionnsapal a chithear sa Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a chur an sàs air feadh ar seirbheisean, 's e sin gun tèid an aon spèis a thoirt don Ghàidhlig 's a thathar a' toirt don Bheurla.
- d) Tha e na amas dhuinn foghlam Gàidhlig, agus gnìomhachdan is tachartasan co-cheangailte ri cànan, cultar is eaconamaidh na Gàidhlig, a chur air adhart tro bhith a' cumail oirnn a' tarraing aire dhaoine thuca agus tro bhith a' toirt chothroman ionnsachaidh Gàidhlig do ar clann, luchd-obrach is coimhearsnachdan.
- e) Tha e na amas dhuinn an àireamh de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd a mheudachadh agus Gàidhlig a dhèanamh cho follaiseach 's as urrainn dhuinn ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.
- f) Obraichidh sinn còmhla ri pàrantan is luchd-cùraim aig a bheil clann ann an sgoiltean le foghlam Gàidhlig gus riatanasan a' Phlana Nàiseanta a choileanadh.

- g) Nì sinn cinnteach nuair a thathar a’ dealbh, ag ùrachadh agus a’ sgrùdadh coileanadh phoileasaidhean gun toirear an aire do dh’amasan a’ Phlana Ghàidhlig seo.

### 6.3 Gàidhlig na Pàirt Àbhaisteach de ar n-Obair

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a’ gabhail ris gur e ar Plana Gàidhlig am meadhan as motha a bhios againn gus na diofar prìomhachasan a chaidh a chomharrachadh sa Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a choileanadh, ach cuideachd gum bi cothroman ann an cànain a chur air adhart agus adhartachadh tro na poileasaidhean eile a th’ againn mu thràth. Nì Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid oidhirp gus raointean poileasaidh a chomharrachadh far an gabh Gàidhlig agus prìomhachasan a’ Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig fhisge a-steach do ar poileasaidhean.

Tha am Plana Gnìomha a’ sealltainn nan diofar dhòighean sa bheil a’ Chomhairle air cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh na phàirt àbhaisteach de ar n-obair mu thràth. Nar beachd-ne, tha an t-adhartas sin a’ cur taic ris a’ phrionnsapal a tha a’ moladh Gàidhlig a dhèanamh na nì àbhaisteach ann am beatha làitheil muinntir na h-Alba.

## 7.0 Am Plana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig

Tha am Plana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a’ cur prìomhachas air sia prìomh raointean leasachaidh, agus tha gach raon fìor chudromach don iomairt gus an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh, a’ bruidhinn agus a’ cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh, agus tha am Plana a’ comharrachadh prìomh bhuilean co-cheangailte ris gach raon:

Raon Leasachaidh Prìomh Bhuilean	
<b>An Dachaigh agus Na Tràth-bhliadhnaichean</b>	Barrachd dhaoine òga a’ togail agus a’ cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus àrdachadh air an àireamh chloinne a tha tòiseachadh ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean na Gàidhlig.
<b>Foghlam Sgoiltean is Tidsèaran</b>	Àrdachadh air an àireamh chloinne a tha a’ tòiseachadh ann am Foghlam tron Ghàidhlig (FtG), le dùblachadh a bheireadh an àireamh gach bliadhna suas gu 800 ro no ann an 2017.

Raon Leasachaidh	Prìomh Bhuilean
<b>Foghlam</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>▪ Àrdachadh gach bliadhna air an àireamh sgoilearan a th' ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile.</li> <li>▪ Barrachd chuspairean air an teagasg tron Ghàidhlig ann an àrd-sgoiltean.</li> </ul> <p><i>Foghlam Seach-sgoile</i>            Àrdachadh air an àireimh de dh'inbhich a tha togail na Gàidhlig bhon 2,000 no mar sin a th' ann an-dràsta gu 3,000 ro no ann an 2017, agus leasachadh air sgilean dhaoine a tha fileanta sa Ghàidhlig.</p>
<b>Coimhearsnachdan</b>	Barrachd chothroman do choimhearsnachdan is do gach seòrsa lìonra de luchd-labhairt na Gàidhlig gus Gàidhlig a chleachdadh agus Gàidhlig air a cleachdadh barrachd an lùib thachartasan is seirbheisean coimhearsnachd.
<b>An t-Àite-obrach</b>	Gàidhlig air a cleachdadh barrachd ann an àiteachan-obrach agus barrachd chothroman cosnaidh far a bheil sgilean Gàidhlig a dhìth gus an gabh seirbheisean a libhrigeadh sa chànan.
<b>Na h-Ealain is Na Meadhanan</b>  <b>Dualchas is Turasachd</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>▪ A' toirt nan ealain is nam meadhanan Gàidhlig air adhart agus sin mar mheadhan gus an cànan a chur air adhart, daoine a thàladh chun a' chànan agus gus an deagh-ghean a th' aig daoine don Ghàidhlig a dhaingneachadh agus iad a' faighinn cothrom Gàidhlig ionnsachadh, a chleachdadh no na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh.</li> <li>▪ Bidh Gàidhlig nas follaisiche an lùib dualchais is turasachd agus thèid barrachd feum a dhèanamh den Ghàidhlig nuair a thathar a' toirt fiosrachadh seachad air eachdraidh is cultar na h-Alba.</li> </ul>
<b>An Corpas</b>	Thèid co-òrdanachadh a dhèanamh air obair nam buidhnean a tha an sàs ann a bhith a' leasachadh corpas na Gàidhlig gus am bi a' Ghàidhlig nas làidire, nas buntainniche, nas cunbhalaiche agus nas fhollaisiche ann an Alba.

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air cur romhainn gun cuidich sinn le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Nàiseanta a chur an gnìomh, agus san earrainn seo tha sinn a' cur an cèill mar a tha sinn an dùil sin a dhèanamh.

## An Dachaigh agus Na Tràth-bhliadhnaichean

### Adhbharan:

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail ris ma tha a' Ghàidhlig a' dol a mhaireachdainn mar chànan beò air an tig feabhas, gum feum barrachd dhaoine an cànan ionnsachadh agus gum feumar cuideam a chur air foghlam agus ionnsachadh do dh'inbich mar phrìomh mheadhanan gus an t-amas sin a thoirt gu buil. Nì sinn na leanas gus taic a thoirt don iomairt airson àrdachadh a thoirt air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.

- Ga dhèanamh follaiseach do dhaoine cho cudromach 's a tha e gun tog clann a' Ghàidhlig agus a' brosnachadh phàrantan gu bhith a' roghnachadh foghlam Gàidhlig airson an cuid chloinne.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil taic phragtaigeach, goireasan is comhairle rim faotainn a thaobh a bhith a' toirt Gàidhlig do chloinn san dachaigh agus ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean na Gàidhlig.
- A' cuideachadh le bhith a' neartachadh nan ceanglaichean eadar Gàidhlig san dachaigh agus foghlam tràth-bhliadhnaichean na Gàidhlig.

## Foghlam

### Adhbharan:

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail ris ma tha a' Ghàidhlig a' dol a mhaireachdainn mar chànan beò air an tig feabhas, chan e a-mhàin gum feumar àrdachadh a thoirt air an àireamh dhaoine as urrainn an cànan a bhruidhinn, ach cuideachd gum feum an cànan a bhith air a cleachdadh barrachd. Tha sinn a' toirt fa-near do cho cudromach 's a tha e gun urrainn barrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar an cànan as fheàrr leotha a chleachdadh agus mar mheadhan-conaltraidh àbhaisteach ann am barrachd is barrachd shuidheachaidhean nam beatha làitheil.

- A' cur iomairtean an sàs gus Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) is Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) a chur air adhart, a stèidheachadh agus a leudachadh aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' dèanamh gu leòr a thaobh trusadh, gleidheadh is foghlam thidsearan FtG is FLI agus gu bheil iad a' faighinn taic iomchaidh agus cothroman gu leòr gus na sgilean aca a leasachadh.
- A' toirt taghadh farsaing de chothroman do dhaoine òga ann am FtG agus FLI gus pàirt a ghabhail ann an tachartasan a leigeas leotha na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh agus iad a' cleachdadh Gàidhlig barrachd.

- A' dèanamh cinnteach gun tèid gach ceum a ghabhail as urrainnear gus dèanamh cinnteach gum faighear foghlam sàr-mhath ann am FtG is FLI tro Stiùireadh Nàiseanta agus le dòighean eile.
- A' toirt taic do dhiofar chothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'inbhich agus a' toirt taic do dh'inbhich gus pàirt a ghabhail sna cothroman sin.
- A' faighinn ghoireasan a bheir taic do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh Gàidhlig.

## Coimhearsnachdan

### Adhbharan:

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail ris gu bheil an ìre 's gu bheil cànan air a faicinn is air a cluinntinn mar phàirt de bheatha làitheil dhaoine a' toirt buaidh air inbhe a' chànain sin. Tha sinn cuideachd a' gabhail ris gu bheil mar a chuireas buidhnean oifigeil, aig a bheil àite cudromach nar beatha làitheil, sùim ann an cànan, agus mar a tha iad air am faicinn mar bhuidhnean oifigeil a chuireas sùim ann an cànan, agus mar a chleachdas iad an cànan a' toirt buaidh air inbhe a' chànain sin.

- A' brosnachadh taic ann do dh'iomairtean a tha a' brosnachadh dhaoine bho gach seòrsa coimhearsnachd de luchd-labhairt na Gàidhlig gu bhith ga cleachdadh.
- A' brosnachadh taic airson barrachd shuidheachaidhean far an urrainn do dhaoine òga agus do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig an cànan a chleachdadh gu neo-fhoirmeil.

## An t-Àite-obrach

### Adhbharan:

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail ris gum feumar a' Ghàidhlig a dhèanamh nas buntainniche agus nas cunbhalaiche mar chànain, agus gu bheil e cudromach gun tèid seirbheisean eadar-theangachaidh a thabhann.

- A' brosnachadh bheachdan taiceil don Ghàidhlig san àite-obrach tro bhith a' toirt fiosrachadh seachad mun chànain, agus le soidhnichean.
- A' faighinn maoinachadh gus cothroman a thoirt do luchd-obrach Gàidhlig ionnsachadh agus do luchd-labhairt na Gàidhlig na sgilean cànan aca a leasachadh.



## Na Meadhanan is na h-Ealain, Dualchas is Turasachd

### Adhbharan:

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail ris gum feumar a' Ghàidhlig a dhèanamh nas buntainniche agus nas cunbhalaiche mar chànan.

- A' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig air a chur air adhart mar phàirt sònraichte de dhualchas na h-Alba agus an cànan air a faicinn agus air a cluinntinn an lùib an dualchais sin.
- A' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadh barrachd Gàidhlig an lùib dualchais is turasachd.
- A' brosnachadh dhaoine gu bhith a' toirt aithne iomchaidh don Ghàidhlig agus gu bhith ga cleachdadh ann an àiteachan anns a bheil ùidh shònraichte aig daoine agus nuair a thathar a' dèanamh sanasachd air tachartasan nàiseanta.

## An Corpas

### Adhbharan:

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail ris gum feumar a' Ghàidhlig a dhèanamh nas buntainniche agus nas cunbhalaiche mar chànan, agus gu bheil e cudromach gun tèid seirbheisean eadar-theangachaidh a thabhann.

- A' co-òrdanachadh diofar iomairtean cànan le bhith a' toirt taic do Bhuidheann-stiùiridh Poileasaidh na Gàidhlig.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman freagarrach ann air seirbheisean eadar-theangachaidh agus mìneachaidh
- A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig luchd-obrach air fiosrachadh mun Ghàidhlig is goireasan Gàidhlig.

## 8.0 Prìomhachasan Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Tha Bòrd na Gàidhlig air cur roimhe gun cuidich e ann a bhith a' coileanadh nan Ceann-uidhe Ro-innleachdail a stèidhich Riaghaltas na h-Alba, agus tha e air na dòighean a chomharrachadh sa bheil amasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig a' cuideachadh le bhith lìbhrigeadh Builean Nàiseanta na h-Alba.

Raon Leasachaidh	#	Na Builean Nàiseanta
<b>An Dachaigh is Na Tràth-bhliadhnaichean</b>	5	Tha na cothroman as fheàrr aig ar cuid chloinne nam beatha agus tha iad deiseil gus a bhith soirbheachail.
<b>Foghlam</b>	4	Tha misneachd aig ar cuid òigridh, tha iad nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail agus nan saoranaich chunntachail agus bhuadhach.
<b>An Corpas</b>	3	Tha foghlam is sgilean nas fheàrr againn, tha sinn nas soirbheachaile, agus ainmeil airson ar cuid rannsachaidh is innleachdais.
<b>Coimhearsnachdan An t-Àite-obrach</b>	11	Tha coimhearsnachdan làidir, seasmhach is taiceil againn far a bheil daoine a' gabhail cùram mu dè nì iad agus dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh sin a thoirt air càch.
	2	Tha ar n-eaconamaidh air àirde a ruighinn le barrachd chothroman obrach agus cothroman obrach nas fheàrr do ar sluagh.
	6	Tha sinn beò nas fhaide, agus tha sinn nas fallaine.
<b>Na h-Ealain is Na Meadhanan Dualchas is Turasachd</b>	13	Tha sinn moiteil à bun-aithne nàiseanta a tha làidir, cothromach agus in-ghabhalach.
<b>Am Plana air fad</b>	16	Tha sàr sheirbheisean poblach againn, a tha a' sìor fhàs nas fheàrr, agus a tha èifeachdach agus mothachail air feumalachdan dhaoine aig ìre ionadail.
	7	Dhèilig sinn ris na cùisean as motha a tha ag adhbharachadh neo-ionannachd ann an Alba.

## 9.0 Prìomhachasan an Riaghaltais Ionadail

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ag obair gu dlùth còmhla ri Com-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd Earra-Ghàidheal is Bhòid gus prìomh cheann-uidhe Plana Leasachadh Bhuilean Earra-Ghàidheal is Bhòid (PLBAB) a choileanadh:

Gum bi Soirbheachadh Eaconamach Earra-Ghàidheal is Bhòid stèidhichte air Fàs ann an Àireamh an t-Sluaigh

Tha 6 builean com-pàirteach ann, a tha cuideachd aig cridhe Plana Corporra na Comhairle:

- Bidh an eaconamaidh ioma-thaobhach is soirbheachail
- Bidh bun-structair againn a bheir taic do dh'fhàs a mhaireas
- Bidh foghlam, sgilean is trèanadh a' toirt a' chothruim as fheàrr don a h-uile duine
- Bidh clann is òigridh a' faighinn nan cothroman as fheàrr tràth nam beatha
- Bidh beatha èasgaidh, fhallain is neo-eisimeileach aig daoine
- Bidh daoine a' fuireach ann an coimhearsnachdan nas sàbhailte is nas làidire

Tha am Plana Gàidhlig a' toirt taic do libhrigeadh nam builean seo.

## 10 Ath-sgrùdadh is Sgrùdadh air Coileanadh

Thèid sgrùdadh a dhèanamh gu cunbhalach air coileanadh a' Phlana le Comataidh nan Seirbheisean Coimhearsnachd.

Tha e cudromach cuimhneachadh gum faodar gum bi a' Chomhairle sùbailte a thaobh amasan a' Phlana agus gun gabh am Plana atharrachadh a rèir nam prìomhachasan a stèidhicheas a' Chomhairle, gu sònraichte ma dh'atharraicheas cùisean.

### 10.1 Am Plana Gàidhlig an Lùib an Structair Chorporra

Tha am Plana seo na phoileasaidh aig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus fhuair e aonta bhon àrd luchd-stiùiridh againn agus bho Bhuill na Comhairle.

#### An neach-dreuchd le uallach gnìomhach airson a' Phlana

'S e am prìomh oifigear le uallach gnìomhach airson a' Phlana agus a bhios a' stiùireadh mar a thèid Plana Gàidhlig Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ullachadh agus a sgrùdadh:

Jane Fowler  
Ceann Leasachaidh is Sgiobachd  
Seirbheisean Luchd-cleachdaidh  
Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid  
Cille Mhoire  
Ceann Loch Gilb  
PA31 8R

Fòn: 01546 604466  
Post-d: Jane.Fowler@argyll-bute.gov.uk

10.1.1 'S ann air an Àrd-oifigear agus air a' Cheann-Phoileasaidh airson Choimhearsnachdan, Taigheadais, Eileanan agus Gàidhlig a tha an t-uallach iomlan airson a' Phlana seo.

10.1.2 'S e am prìomh oifigear le uallach gnìomhach airson a' Phlana agus a bhios a' stiùireadh mar a thèid am Plana ullachadh agus a sgrùdadh an Ceann Leasachaidh is Sgiobachd. Tha e an urra ris gach oifigear ainmichte dèanamh cinnteach gun tèid na gnìomhan fa leth sa Phlana a chur an sàs.

10.1.3 Ma tha ceistean agaibh mu choileanadh a' Phlana bho latha gu latha, bu chòir dhuibh fios a chur gu [gaelic@argyll-bute.gov.uk](mailto:gaelic@argyll-bute.gov.uk) agus thèid coileanadh a' Phlana a cho-òrdanachadh leis an Sgioba airson Feabhas is Leasachadh na Buidhne.

## 11 A' Toirt a' Phlana gu Buil is Maoineachadh

- 11.1 Bidh an Sgioba Leasachaidh is Sgiobachd a' stiùireadh mar a thèid am Plana Gàidhlig ullachadh is a sgrùdadh. Tha e an urra ri Cinn nan Seirbheisean air feadh na Comhairle dèanamh cinnteach gun tèid na gnìomhan a bhuineas ris na seirbheisean acasan a chur an sàs.
- 11.2 Bidh prìomh oifigearan a' cur fios as ùr gu cunbhalach gun Cheann Leasachaidh is Sgiobachd, gun Cheann-Phoileasaidh agus gu Comataidh nan Seirbheisean Coimhearsnachd mar phàirt den sgrùdadh air coileanadh a' Phlana.
- 11.3 Thèid am Plana a chur an gnìomh le bhith a' cleachdadh ghoireasan is maoineachadh a th' ann mu thràth, agus thèid ealla a ghabhail ris an t-suidheachadh dhùbhlanach sa bheil a' Chomhairle an-dràsta a thaobh ionmhais. Cumaidh a' Chomhairle oirre a' sireadh taic-airgid bho Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba gus sin a chosg air foghlam, cànan, eaconamaidh agus cultar na Gàidhlig airson am Plana a thoirt gu buil.
- 11.4 Tha a' Chomhairle a' gabhail ris gu bheil e fìor chudromach gum bi ceanglaichean obrach làidir againn ri buidhnean eile ann an Earra-Ghàidheal is Bòd a bhios a' lìbhrigeadh sheirbheisean is thachartasan tron Ghàidhlig ma tha cor na Gàidhlig a' dol a thighinn am feabhas agus bheir leithid a dh'obair chom-pàirteach taic do choileanadh ar Plana Gàidhlig, agus thèid barrachd chothroman a chruthachadh gus Gàidhlig a chleachdadh tro na ceanglaichean sin.

## 12 A' Dèanamh Sanasachd is Foillseachadh air a' Phlana

- 12.1 Nithear feum den làrach-lìn, 'A' Hub' (eadra-lìn an luchd-obrach), Cascade agus cuairt-litrichean gus aire an luchd-obrach is nan Comhairlichean a tharraing chun a' Phlana.
- 12.2 Thèid sanasachd a dhèanamh air a' Phlana do dhaoine taobh a-muigh na Comhairle le bhith a' cleachdadh an làraich-lìn, làraich-lìn nam meadhanan sòisealta leithid Facebook, Twitter agus tro Ionad Gàidhlig an Òbain, 'Furan'.
- 12.3 Cumaidh a' Chomhairle suas agus bheir sinn taic don fhòram Ghàidhlig air-loidhne. Bidh seo na mheadhan cudromach gus sanasachd a dhèanamh air a' Phlana am measg ar

luchd-compàirt ann am planadh coimhearsnachd agus am measg bhuidhnean is luchd na Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd agus taobh a-muigh na sgìre.

## 13 Plana Gnìomha

1 A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig					
	Na nì sinn:	Targaid	Slatan-tomhais Coileanaidh	Clàr-ama	Fo Stiùir
1.1	Bidh sinn a' tabhann cothrom do Mhòdan ionadail air toglaichean na Comhairle an-asgaidh.	Bidh cothrom aig a h-uile Mòd ionadail air toglaichean na Comhairle an-asgaidh airson nan tachartasan aca.	Cothrom air a thoirt dhaibh air na toglaichean	Fad ùine a' Phlana	Àrd-mhanaidsear, Earra-Ghàidheal Beò
1.2	Brosnaichidh sinn cothroman far an urrainn do luchd-teagaisg Gàidhlig bho air feadh na Comhairle a bhith ag obair còmhla airson dèanamh cinnteach gun urrainn dhaibh taic a thoirt do chàch a chèile ann a bhith a' cur ìrean-coileanaidh fìor mhath an sàs.	Thathar an dùil aon seisean co-obrachaidh a chumail gach teirm, le V-Scene (goireas airson choinneamhan bhidio), airson a h-uile tidsear ann am Foghlam tron Ghàidhlig – eadar 3 is 4 gach bliadhna sgoile.	18/19 - 2 sheisean 19/20 3 seiseanan 20/21 - 4 seiseanan 21/22 - 4 seiseanan	Ro no ann an 2022	Ceann an Fhoghlaim
1.3	Nì sinn cinnteach gu bheil sanasan airson dreuchdan bàna, far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach no na buannachd, dà-chànanach.	Bidh 100% de na sanasan airson dreuchdan teagaisg Gàidhlig ann an Gàidhlig.	100% de na dreuchdan teagaisg Gàidhlig a tha bàna	Fad ùine a' Phlana	Ceann an Fhoghlaim, Manaidsearan Fastaidh, agus Ceannardan-sgoile
1.4	Bidh Mòd Nàiseanta Rìoghail soirbheachail air a chumail san sgìre	1 Mhòd ann an Earra-Ghàidheal	1 tachartas	Ro no ann	Ceann na Roinne airson

	againn.			an 2022	Leasachadh Eaconamach is Còmhail Ro-innleachdail (LECR)
1.5	Bidh Gàidhlig na pàirt den iomairt CHArts (Cultar, Dualchas is na h-Ealain - CuDEal).	Bidh cultar na Gàidhlig mar phàirt de na sgrìobhainnean deireannach airson CHArts.	Gàidhlig mar phàirt dheth	Ro no ann an 2020	Ceann LECR
1.6	Obraichidh sinn còmhla ri càch gus daoine a bhrosnachadh gu bhith a' gabhail pàirt sa Mhòd Nàiseanta Rìoghail.	Bidh stuthan is iomairtean sanasachd air an cur air dòigh le daoine eile agus air an sgaoileadh/an gabhail os làimh.	Àireamh àrd de dhaoine a' gabhail pàirt	Tachraidh seo mu àm a' Mhòid	Ceann LECR
1.7	Obraichidh sinn còmhla ri càch gus daoine a bhrosnachadh gu bhith a' tighinn chun a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail ann an Earra-Ghàidheal.	Bidh stuthan is iomairtean sanasachd air an cur air dòigh le daoine eile agus air an sgaoileadh/an gabhail os làimh.	Àireamh àrd de dhaoine an làthair	Tachraidh seo mu àm a' Mhòid	Ceann LECR
1.8	Obraichidh sinn gus ìomhaigh na Gàidhlig a thogail agus an cànan a dhèanamh nas follaisiche sna roinnean coimeirsealta, reic, biadh is deoch agus turasachd agus gus dèanamh cinnteach gu bheil dà-chànanas nas cumanta sna roinnean sin.	Thèid stiùireadh ullachadh is sanasachd a dhèanamh air.	Nuair a thathar a' beachdachadh air sanasachd a dhèanamh air iomairt gnothachais is eaconamach, bidh Gàidhlig mar phàirt de sin gu h-	Ro no ann an 2022	Ceann LECR

			àbhaisteach.		
<b>1.9</b>	Bidh Gàidhlig mar phàirt den t-sanasachd a nithear air Earra-Ghàidheal is Bòd mar àite airson luchd-turais.	Thèid stiùireadh a dhealbh is sanasachd a dhèanamh air.	Bidh barrachd stuthan, a tha a' sanasachd turasachd, a' cleachdadh Gàidhlig.	Ro no ann an 2022	Ceann LECR /Co-chomann Turasachd Earra-Ghàidheal is nan Eilean
<b>1.10</b>	Nì sinn cinnteach gum faighear na buannachdan eaconamach as motha as urrainnear bhon Ghàidhlig aig tachartasan/fèisean a thèid a chumail ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.	Tachraidh seo aig co-dhiù dà thachartas gach bliadhna, me, Bowfest, An t-Òban Beò, Fèis Uisge-beatha Ìle, Fèis Rog Thiriodh.	Bidh na buannachdan eaconamach a thig bho chultar na Gàidhlig is dà-chànanas nas follaisiche.	Ro no ann an 2022	Ceann LECR
<b>1.11</b>	Cuidichidh sinn le bhith a' dèanamh sgrùdadh air buaidh eaconamach a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail.	Thèid 1 sgrùdadh air a' bhuidh eaconamach a dhèanamh ann an co-bhuinn ris a' Mhòd.	Sgrùdadh air a dhèanamh	R4 2018/19	Ceann LECR
<b>1.12</b>	Nì sinn sanasachd air Earra-Ghàidheal is Bòd mar àite far an urrainn do dhaoine filmichean is prògraman telebhisein a dhèanamh far a bheil Gàidhlig no cultar na Gàidhlig mar phàirt dhiubh.	Thèid earrainn Ghàidhlig a chruthachadh air ar làrach-lìn airson film is TBh.	Bidh earrainn Ghàidhlig ann	R1 2018/19	Ceann LECR
<b>1.13</b>	Beachdaichidh sinn air an taic a dh'fhaodamaid a thoirt don Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Earra-Ghàidheal san ùine air thoiseach.	Thèid sgrùdadh a dhèanamh air maoineachadh do thachartasan ann an 2018/19 agus thèid beachdachadh air an taic a dh'fhaodar a thoirt don Mhòd mar phàirt den mhaoineachadh	Sgrùdadh air a dhèanamh	2018/19	Ceann LECR



		sin.			
1.14	Coimheadaidh sinn feuch an gabh suaicheantas dà-chànanach a dhealbh don Chomhairle.	Thèid beachdachadh air roghainnean dealbhachaidh, ma cheadaicheas am buidseat againn.	Beachdaichidh Comhairlichean air roghainnean airson an t-suaicheantais.	Ro no ann an 2022	Ceann Leasachaidh is Sgiobachd
1.15	Obraichidh sinn ann an com-pàirt ri Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, mar a rinn sinn a-cheana le Ar Stòras Gàidhlig.	Bidh obair chom-pàirteach fìghe a-steach sna dòighean-obrach againn.	Thèid coinneamhan a chumail eadar sinn fhìn is ar luchd-compàirt.	Fad ùine a' Phlana	Ceann LECR
<b>Cumaidh sinn oirnn:</b>					
1.16	A' toirt cothrom do Bhòrd na Gàidhlig a bhith mar phàirt de Chom-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd Earra-Ghàidheal is Bhòid.		Manaidsear Planaidh Coimhearsnachd		
1.17	A' cur barrachd susbaint Ghàidhlig air 'A' Hub' agus air an làrach-lìn.		Ionad Seirbheisean an Luchd-cleachdaidh		
1.18	A' sanasachd is a' sgaoileadh naidheachdan matha ann an Gàidhlig is mun Ghàidhlig.		Leasachadh is Sgiobachd		
1.19	A' dèanamh cinnteach gum freagair sinn ann an Gàidhlig litrichean is puist-d a gheibh sinn ann an Gàidhlig.		A h-uile Seirbheis		
1.20	A' dèanamh cinnteach, ma gheibhear gearan ann an Gàidhlig, gun toir sinn freagairt ann an Gàidhlig don ghearan sin taobh a-staigh a' chlàir-ama aontaiche.		A h-uile Seirbheis		
1.21	A' dèanamh cinnteach gun cuir luchd-obrach ionadan-fàilte na Comhairle fàilte dhà-chànanach air daoine mar chleachdadh coitcheann.		Ionad Seirbheisean an Luchd-cleachdaidh		

1.22	A' fosgladh choinneamhan nan Comataidhean le fàilte ann an Gàidhlig.	Riaghladh is Lagh			
1.23	A' dèanamh cinnteach gum faigh buidhnean mheadhanan Gàidhlig gach brath- naidheachd bhon Chomhairle	Leasachadh is Sgiobachd			
1.24	A' cur ris an eòlas is an tuigse a th' aig a' mhòr-shluagh air na buannachdan a thig bhon Ghàidhlig agus air na cinn-uidhe a th' againn sa Phlana Ghàidhlig airson a' chànan ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, agus nì sinn sin tron Fhòram Ghàidhlig air Facebook, meadhanan sòisealta eile agus na roinnean Gàidhlig sna sgoiltean.	Leasachadh is Sgiobachd/Foghlam			
<b>2</b>	<b>A' Toirt Fàs air Ionnsachadh na Gàidhlig</b>				
	<b>Na nì sinn:</b>	<b>Targaid</b>	<b>Slatan-tomhais Coileanaidh</b>	<b>Clàr-ama</b>	<b>Fo Stiùir</b>
2.1	Obraichidh sinn ann an com-pàirt ri sgoiltean far a bheil Foghlam Gàidhlig agus buidhnean aig Comann nam Pàrant gus cothroman a ghabhail airson sanasachd a dhèanamh am measg choimhearsnachdan air na buannachdan a thig bho dà-chànanas.	Cuiridh a h-uile Ionad Thràth-bhliadhnaichean Gàidhlig is Bun-sgoil le FtG co-dhiù aon chothrom air dòigh gach seisean acadaimigeach far am faod daoine a dh'fhaodadh a bhith nam pàrantan agus buill den choimhearsnachd tadhal orra is ionnsachadh mu FtG, agus sin a' tachairt ro dheireadh an Lùnastail 2019.	6 tachartasan gach bliadhna rè ùine a' Phlana	Fad ùine a' Phlana	Ceann an Fhoghlaim
2.2	Bheir sinn taic do chothroman far an urrainn do luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh, agus na cothroman sin air an stiùireadh le luchd-obrach saor-thoileach.	Nuair a bhios maoinachadh iomchaidh ann, thèid 1 chothrom a chur air dòigh gach seisean ann an sgìre far a bheil FtG air a thoirt seachad.	1 gach bliadhna rè ùine a' Phlana	2018 - 2022	Ceann an Fhoghlaim

<b>2.3</b>	Bheir sinn seiseanan Bookbug Gàidhlig seachad gu cunbhalach sa h-uile sgìre far a bheil FtG.	Bidh seiseanan Bookbug mìosail air an lìbhrigeadh sna sgìrean le FtG.	18/19 – 3 sgìrean 19/20 – 4 sgìrean 20/21 – 5 sgìrean  21/22 – 6 sgìrean	Ro dheireadh an Lùnastail 2019	Ceann an Fhoghlaim
<b>2.4</b>	Nì sinn cinnteach gu bheil taic iomchaidh ann airson nuair a tha sgoilearan a' gluasad bho Thràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne FtG gu foghlam bun-sgoile FtG agus an uair sin foghlam àrd-sgoile FtG.	Nì a h-uile ionad no sgoil FtG aig an Ùghdarras Fhoghlaim planadh airson pròiseact co-cheangailte ri bhith a' gluasad eadar ìrean FtG agus cuiridh iad am pròiseact an sàs, pròiseact a bhios air a dhealbh a dh'aona-ghnothach airson sgoilearan FtG le cuideam àraidh ga chur air conaltradh.	2 phròiseact airson gach sgoil:  18/19 – 5 sgoiltean 19/20 – 6 sgoiltean 20/21 – 7 sgoiltean 21/22 - 8 sgoiltean	Ro no ann an 2022	Ceann an Fhoghlaim
<b>2.5</b>	Nuair nach eil sgoiltean air Gàidhlig a roghnachadh mar Chànan 2, broснаichidh sinn iad gu bhith ga roghnachadh mar Chànan 3.	Bidh diofar bhun-sgoiltean bho air feadh an ùghdarrais air Gàidhlig a thoirt a-steach gu ìre air choreigin mar Chànan 3 airson P5 – P7 ro no ann an 2020.	18/19 – 2 sgoil 19/20 – 4 sgoiltean 20/21 – 6 sgoiltean 21/22 – 8 sgoiltean	Ògmhios 2020	Ceann an Fhoghlaim
<b>2.6</b>	Nì sinn sanasachd air Foghlam tron Ghàidhlig, a' gabhail a-steach mar a	Thèid coimhead air mar a ghabhas stuthan sanasachd, gu h-àraidh air-	Thèid na stuthan a	Ro no ann an 2022	Ceann an Fhoghlaim

	tha e air a mhaoineachadh, clàradh, msaa do dhaoine nach eil an sàs ann an Gàidhlig.	loidhne is sna meadhanan sòisealta, ullachadh tro Chaidreachas Leasachaidh Roinneil Co-bhanntachd a Tuath (CLRCT).	chruthachadh is a sgaoileadh.		
<b>2.7</b>	Bheir sinn àrdachadh air an àireimh de theaghlaichean, le daoine òga ann am FtG, a tha a' gabhail pàirt ann an tachartasan far a bheilear ag ionnsachadh no a' cleachdadh Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile - tro obair chom-pàirteach is taic bho bhuidhnean maoinachaidh.	Targaid: Bidh club taobh a-muigh na sgoile air a chumail tron Ghàidhlig airson a h-uile bun-sgoil le FtG ann an sgìre an Ùghdarrais Fhoghlaim ro no san Lùnastal 2019.	Tachartasan air feadh an ùghdarrais: 18/19 – 4 19/20 – 6	Lùnastal 2019	Ceann an Fhoghlaim
<b>2.8</b>	Obraichidh sinn còmhla ri Ionad Chaluim Chille Ìle (ICCI) gus cothroman ionnsachaidh air astar a thabhann do luchd-obrach sgoile, daoine aig a bheil ùidh sna cothroman agus pàrantan feuch am bi feachd-obrach uidheamaichte ann as urrainn frithealadh air feumalachdan roinn foghlam na Gàidhlig – tha seo an crochadh air maoinachadh de 80% bho BhnG agus 20% bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	2018 – 2022	18/19 – 12 daoine 19/20 – 10 daoine 20/21 – 8 daoine 21/22 – 6 daoine	Lùnastal 2022	Ceann an Fhoghlaim
<b>2.9</b>	Nì sinn cinnteach gu bheil cothrom aig ar sgoiltean air luchd-taice ionnsachaidh spèisealta a thig bho bhuidhnean no seirbheisean eile.	Targaid: Thèid prògram taice aig diofar ìrean a chur air dòigh do sgoilearan a tha air an teagasg tron Ghàidhlig, nuair a tha coltas ann gu bheil nithean a' cur bacadh orra bho bhith ag ionnsachadh, agus sin air a	Thèid sgrùdadh a dhèanamh air feumalachdan na cloinne a tha air an oideachadh tron	Ro dheireadh an Lùnastail 2020	Ceann an Fhoghlaim

		libhrigeadh a rèir clàr-ama freagarrach – agus bidh an luchd-obrach spèisealta seo ag obair tron Bheurla mura h-eil Gàidhlig aca.	Ghàidhlig, gu cunbhalach ann an diofar àiteachan thar ùine:  18/19 – 1 19/20 – 2 20/21 – 1 21/22 - 1		
<b>2.10</b>	Bheir sinn àrdachadh air an àireamh luchd-obrach a tha a' gabhail pàirt ann an leasanan is bùithtean-obrach Gàidhlig.	Àrdachadh de 10%	30 luchd-obrach	Màrt 2022	Ceann Leasachaidh is Sgiobachd
<b>2.11</b>	Coimheadaidh sinn air na roghainnean a th' ann gus Sgoil Ghàidhlig a stèidheachadh ann an Earra-Ghàidheal.	Bheirear sùil air na roghainnean a th' ann gus Sgoil Ghàidhlig a stèidheachadh ann an Earra-Ghàidheal.	Rannsachadh air a dhèanamh	2019/20	Ceann an Fhoghlaim
<b>2.12</b>	Brosnaichidh sinn daoine òga gu bhith a' toirt dreuchd a-mach mar thidsear Gàidhlig.	Thèid stuthan sanasachd is follaiseachd ullachadh tro 'A' Trusadh ar Feachd-obrach Fhìn' (Growing Our Own) agus A' Leasachadh Feachd-obrach Òg (Developing the Young Workforce).	Bidh barrachd dhaoine òga bho Earra-Ghàidheal is Bòd a' toirt dreuchd a-mach mar thidsear Gàidhlig.	Fad ùine a' Phlana	Ceann an Fhoghlaim / Ceann Leasachaidh is Sgiobachd
<b>2.13</b>	Bheir sinn cothrom air na cùrsaichean Gàidhlig airson ar luchd-obrach do luchd-obrach aig buidhnean poblach	Thèid fios a chur gu ar luchd-compàirt agus sinn a' toirt cothrom don luchd-obrach aca na cùrsaichean a	Bidh barrachd luchd-ionnsachaidh	Fad ùine a' Phlana	Ceann Leasachaidh is Sgiobachd

	eile, me, a h-uile buidheann a tha sa Chom-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd.	dhèanamh.	ann bho bhuidhnean com-pàirteach.		
<b>Cumaidh sinn oirnn:</b>					
<b>2.14</b>	A' brosnachadh choimhearsnachdan gu bhith a' cur a-steach airson maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig gus an gabh clasaichean Gàidhlig a libhrigeadh sa choimhearsnachd.  Targaid: Thèid leasanàn cànan a thoirt seachad sa h-uile sgìre le FtG aig ìre na bun-sgoile ro 2022 – an crochadh air maoinachadh bho BhnG / buidhnean maoinachaidh eile.		Ceann an Fhoghlaim		
<b>2.15</b>	A' toirt chothroman air Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach don a h-uile neach-obrach ann am Foghlam Gàidhlig.  Targaid: Dà chothrom sa bhliadhna don luchd-obrach ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne (TCC), bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean gus coinneachadh airson trèanadh / coinneamhan obrach / planadh ro no ann an 2020 – bidh seo a rèir dè an luchd-obrach a gheibhear airson clasaichean a ghabhail an àite an luchd-obrach a bhios a' coinneachadh.		Ceann an Fhoghlaim		
<b>2.16</b>	A' toirt taic do na cothroman do thidsearan gus trèanadh GLPS fhaighinn feuch an urrainn dhaibh leasanàn Gàidhlig a thoirt do chlasaichean Beurla.  Targaid: Bidh 10 tidsearan a bharrachd air trèanadh GLPS fhaighinn ro no ann an 2022 – bidh seo an urra ri maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba airson na Co-bhanntachd GLPS.		Ceann an Fhoghlaim		
<b>2.17</b>	A' brosnachadh chothroman ionnsachaidh Gàidhlig sa choimhearsnachd ionnsachaidh san fharsaingeachd agus ann an co-bhuinn ri Bòrd na Gàidhlig.  Targaid: Thèid a h-uile brath-naidheachd / naidheachd mhath / fios air a h-uile cothrom ionnsachaidh Gàidhlig a thoirt do Sgioba Conaltraidh na Comhairle		Ceann an Fhoghlaim		

	agus Oifigear Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig eadar 2017 – 2022.	
<b>2.18</b>	<p>A' dèanamh sanasachd air na buannachdan a thig bho dà-chànanas is Foghlam Gàidhlig ann an com-pàirt ri Comann nam Pàrant/Bòrd na Gàidhlig agus coimhearsnachdan ionadail.</p> <p>Targaid: Thèid dèiligeadh ri tagraidhean bho phàrantan airson Foghlam Bun-sgoile Gàidhlig a rèir nam Modhan-obrach Measaidh a dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig mar thoradh air na cumhachan Gàidhlig ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.</p>	Ceann an Fhoghlaim
<b>2.19</b>	<p>A' toirt taic do thidsearan ann am Foghlam tron Bheurla a tha airson an Cùrsa Bogaidh Gàidhlig do Luchd-teagaisg (CBGL) a dhèanamh no cùrsa ceudna gus an urrainn dhaibh gluasad gu Foghlam tron Ghàidhlig.</p> <p>Targaid: Bidh 3 tidsearan a bharrachd air trèanadh CBGL a dhèanamh (no cùrsa ceudna) ro no ann an 2022 – tha seo an crochadh air maoineachadh de 80% bho BhnG agus 20% bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.</p>	Ceann an Fhoghlaim
<b>2.20</b>	<p>A' toirt taic do sgoiltean ann a bhith a' frithealadh air feumalachdan a h-uile pàiste agus sinn a' toirt 'An Stiùiridh air Foghlam tron Ghàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd' gu aire dhaoine.</p> <p>Targaid: Bidh siostam làidir ann airson mheasaidhean, adhartas nan sgoilearan a chomharrachadh agus sgrùdadh aig gach bun-sgoil le FtG – air a mhìneachadh ann am Bunaitean a' Churraicealaim ron Lùnastal 2020.</p>	Ceann an Fhoghlaim
<b>2.21</b>	A' toirt chlasaichean Gàidhlig seachad san àite-obrach	Ceann Leasachaidh is Sgiobachd
<b>3</b>	<b>A' Toirt Fàs air Cleachdadh na Gàidhlig</b>	

	<b>Na nì sinn:</b>	<b>Targaid</b>	<b>Slatan-tomhais Coileanaidh</b>	<b>Clàr-ama</b>	<b>Fo Stiùir</b>
<b>3.1</b>	Bheir sinn leudachadh air na th' ann de thachartasan ann an Ionad Gàidhlig an Òbain / buidhnean tha a' dèanamh feum den ionad, gus a bheil iad a' gabhail a-steach obair eadar na ginealaich.	Bidh aon seisean ann gach mìos far am bi daoine le Gàidhlig bhon choimhearsnachd a' coinneachadh ri sgoilearan FtG gus sgilean ionnsachadh dhaibh ann an Gàidhlig, fighe, fuaigheal, leughadh, msaa.	8 seiseanan gach bliadhna rè ùine a' Phlana	Ro dheireadh an Lùnastail 2018	Ceann an Fhoghlaim
<b>3.2</b>	Bheir sinn leudachadh air an Sgeama Chomhairleachaidh Phàrant còmhla ri Comann nam Pàrant gus am bi Oifigear Phàrant bho Chomann nam Pàrant ann airson a h-uile sgìre far a bheil FtG.	Bidh Oifigear Phàrant aig a h-uile sgìre far a bheil FtG.	18/19 – 3 sgìrean 19/20 – 4 sgìrean 20/21 – 5 sgìrean 21/22 – 6 sgìrean	Ro dheireadh an Lùnastail 2019	Ceann an Fhoghlaim
<b>3.3</b>	Bheir sinn leudachadh air an àireimh de raointean a' churraicealam a tha air an libhrigeadh tron Ghàidhlig aig ìre na h-àrd-sgoile agus sinn ag obair ann an com-pàirt ri e-Sgoil.	Obraichidh na còig àrd-sgoiltean sa bheil FtG ga libhrigeadh còmhla ri e-Sgoil, nuair a tha feum air agus mar as iomchaidh, gus Gàidhlig is raointean eile den churraicealam a thabhann do sgoilearan FtG tron Ghàidhlig – nuair a cheadaicheas buidseat luchd-obrach gach sgoile.	Fad ùine a' Phlana – 3 sgoiltean a' cleachdadh e-Sgoil agus 1 sgoil a' faighinn cothrom air raon eile den churraicealam a thuilleadh air Gàidhlig	Ro no ann an 2022	Ceann an Fhoghlaim
<b>3.4</b>	Cumaidh sinn sùil air mar a nì sgoiltean feum de Stiùiridhean	Bidh Bunaitean a' Churraicealam airson Gàidhlig aig a h-uile bun-sgoil,	2 chothrom aig an Ùghdarras	2018 - 2022	Ceann an



	nàiseanta is ionadail air foghlam Gàidhlig.	àrd-sgoil is ionad TCC le FtG ron Lùnastal 2020.	Fhoghlaim obrachadh còmhla ri sgoiltean le FtG air feadh na bliadhna		Fhoghlaim
<b>3.5</b>	Bheir sinn taic do sgoiltean a tha air roghnachadh Gàidhlig a dhèanamh mar Chànan 2 (GLPS) agus sinn a' dèanamh cinnteach gun urrainn do sgoilearan cumail orra le Gàidhlig san àrd-sgoil.	Nì a h-uile bun-sgoil le Gàidhlig mar Chànan 2 planadh airson is cuiridh iad pròiseact an sàs co-cheangailte ri bhith a' gluasad eadar ìrean a tha dh'aona-ghnothach airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a tha ag iarraidh cumail orra le Gàidhlig san àrd-sgoil.	18/19 – 1 bhuidheann de sgoiltean 19/20 – 2 bhuidhinn de sgoiltean 20/21 – 3 buidhnean de sgoiltean 21/22 – 4 buidhnean de sgoiltean	Ron Ògmhios 2020	Ceann an Fhoghlaim
<b>3.6</b>	Bheir sinn àrdachadh air an àireamh òigridh aig a bheil Gàidhlig a tha a' coinneachadh is a' conaltradh ri daoine le Gàidhlig bhon choimhearsnachd ann an diofar shuidheachaidhean – tro obair chom-pàirteach is obair coimhearsnachd le sgoiltean.	Gabhaidh sgoilearan bho gach ìre de dh'Fhoghlam Gàidhlig pàirt ann an tachartasan còmhla ri daoine le Gàidhlig bhon choimhearsnachd ionadail aca, co-dhiù uair sa bhliadhna sgoile, ron Lùnastal 2020.	Tachartasan Gàidhlig:  18/19 – 8 19/20 – 9 20/21 – 11	Lùnastal 2020	Ceann an Fhoghlaim
<b>3.7</b>	Nì sinn a' Ghàidhlig nas follaisiche le bhith a' cur fhaclan/abairtean Gàidhlig air an làrach-lìn gu cunbhalach, a' gabhail a-steach fhaclan bho dhual-	Thèid prògram de dh'abairtean ullachadh is a chur suas air a' Hub/Eadar-lìon.	Bidh na h-abairtean ann	Fad Ùine a' Phlana	Ceann Leasachaidh is Sgiobachd

	chainntean Earra-Ghàidheal is Ìle.			
<b>Cumaidh sinn oirnn:</b>				
<b>3.8</b>	A' cur shoidhnichean dà-chànanach an àite nan soidhnichean a tha taobh a-staigh is taobh a-muigh thoglaichean an-dràsta, nuair a tha iad feumach air an ùrachadh	Seirbheisean Ghoireasan		
<b>3.8</b>	A' cleachdadh nan seirbheisean eadar-theangachaidh a tha air an toirt seachad le cunnradairean bho thaobh a-muigh na buidhne	Leasachadh is Sgiobachd		
<b>3.10</b>	A' dèanamh cinnteach gum bi Cruinneachadh Gàidhlig ann a h-uile dà bhliadhna.	LECR/Leasachadh is Sgiobachd/Foghlam		